

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu

Diardaoin 7/11/19, 1100-1400

Dreachd geàrr-chunntas

Buill: Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair) Daibhidh Brew
Ailean Dòmhnullach (neach-amhairc)
Iain Stephen Moireasdan (neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Niall Greumach (Stiùiriche Ionmhais)
Donaidh Dòmhnullach (Manaidsear Gníomhachais)
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail notaichean)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaigh, Màiri Kidd.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 5/9/19

Aontachaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

- 4.1 Bha a' Chomataidh air comharrachadh aig a' choinneimh mu dheireadh nuair a bha iad a' beachdachadh air an Aithisg gèillidh Poileasaидh Àrainneachd, gum bu chòir freagairt na buidhne mu choinneimh blàthachadh-cruinne a bhith na phriomhachas dhuinn.
- 4.2 Chaidh innse gun deach buidheann àrainneachd a stèidheachadh taobh a-staigh na buidhne a choimheadas, am measg eile, ri oidhirpean na buidhne a chuir gu an-gnìomh gu ruige amasan fad-ùine 0% caitheamh agus 0% eimiseannan.

- 4.3 Chaidh deasbad a chumail mun t-uallach air buidhnean san roinn poblach a bhith a' dèanamh cinnteach, agus fianais iarraidh air, daoine/buidheann a tha a' faighinn maoineachadh bhuapa agus daingneachadh iarraidh air am bheil iad a' gèilleadh gu bheil iad math don àrainneachd.
- 4.4 Chaidh aontachadh gun tèid coimhead ri na cùmhnantan a th' aig a' bhuidheann le daoine/buidhnean agus dè an riatanas a thathas a' cur orra agus ciamar a bu chòir dhaibh a bhith a) a' gèilleadh agus b) ag aithris.
- 4.5 Chaidh innse bho thaobh chùmhnantan coimiseanaidh gu bheileas a-nis a' leantainn slatantomhais a' BhBC (Albert Sustainable Production Certification a tha ag obrachadh a-mach lorg carboin) agus gu bheil seo a-nis an sàs ann an Comms Specs na buidhne.
- 4.6 Chaidh aontachadh, ged nach robh seo riatanach fo riaghailtean Ofcom no an Riaghaltas, gum bu chòir don Bhòrd a bhith a' draibheadh seo.
- 4.7 Chaidh aontachadh gun deidheadh aithisg a dheasachadh gach bliadhna gus an dàta seo a shealltainn (Gníomh: NMG)
- 4.8 KPIs - chaidh moladh gu faigheadh am Bòrd taisbeanadh ann an stoidhle Dashboard.
(Gníomh: DC)

5 Clàr Riosgan

- 5.1 Bha clàr nan riosgan agus pàipear mìneachaidh air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail, le iomradh ga thoirt air na riosgan a dh'atharraich bhon choinneamh mu dheireadh.
- 5.2 Chaidh còmhradh a chumail mu riosg 11 ("*Opportunities to gain support for strategic priorities are missed*") agus dè na h-oidhirpean a bu chòir a bhith gan dèanamh ri linn an suidheachadh poilitigeach mhi-chinnteach a th' ann an-dràsta.
- 5.3 Chaidh aontachadh gum biodh e cuideachail còmhraidhean a chumail fosgalte le na pàrtaidhean a dh'fhaodadh a bhith dèanamh suas riaghaltas ùr mus e agus nach biodh a' mhòr chuid aig aon phartaidh mòr, agus mar shamhla chaidh iomradh a thoirt air na buannachdan eaconamach a chaidh gu Èirinn a Tuath fon riaghaltas a bha ann ri linn gu robh feum air taic aona phartaidh airson riaghaltas a chur an-gníomh. (Gníomh: DC)
- 5.4 Chaidh aontachadh, san eadar-ama gus am bi fios cinnteach ann mu Riaghaltas, gun deigheadh cumail a' dol ag obair le DCMS. (Gníomh: DC)
- 5.5 Chaidh a chomharrachadh nach biodh cinnt ann mu bhuidseatan ann an Alba gus am biodh Riaghaltas aig an RA, agus ri linn sin nach biodh cinnt ann mu mhaoin MG ALBA airson na h-ath-bhliadhna gu uaireigin sa bhliadhna' ùir.

- 5.6 Le mi-chinnt saoghal a tha ag atharrachadh gu luath le fàs mòr ann an seirbheisean sìnteis (subscription), agus ri linn mar a thuirt Rùnaire na Stàite ri Comataidh Thaghte DCMS san Dàmhair gu robh a h-inntinn fosgailte mu choinneimh am BBC a bhith ag atharrachadh gu seirbheis sìnteis leithid Netflix chaidh còmhradh a chumail mun chunnart a bhith an urra ris a' BhBC a-mhàin a' dol air adhart.
- 5.7 Le feum air ro-innleachd a chumadh am buidheann dìon, chaidh aontachadh gu feum am Bòrd coimhead ri an robh feum a-nis air leasachadh reachdail a chuir air chois. (Gníomh: DC)

6 Deuchainn Leantainneach Gnothaich

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Chaidh innse gun do ghabh an deuchainn àite air 6/11/19, le fòcas air fàilleadh cumhachd air feadh an togalaich, agus le fòcas air na leas-mhanaidsearan anns gach roinn.
- 6.3 Chaidh a chomharrachadh nach biodh fios le cinnt ciamar a dh'obraigheadh cùisean ann an da-rìribh nam biodh fàilleadh cumhachd ann ach chaidh a ràdh gu robh am buidheann misneachail gun deigheadh dèiligeadh ris an t-suidheachadh seo nan tachradh e.
- 6.4 Chaidh innse gu robhas air fios air ais uabhasach math fhaighinn bhon bhuidheann a tha a' ruith na deuchainn agus gu robh iad toilichte leis mar a dh'obraich na leas-manaidsearan còmhla agus mar sgioba, le leasachadh mòr air fhaicinn annta bho dheuchainn an-uiridh.
- 6.5 Chaidh aontachadh gun deidheadh coimhead air dòighean na deuchainnean ùrachadh agus a chumail cho faisg air an da-rìribh 's as urrainn, le measadh am biodh e iomchaidh a bhith ag atharrachadh bho àm gu àm an eòlaiche no am buidheann neo-eisimeileach a bha a' cumail na deuchainnean. (Gníomh: DMD)
- 6.6 Tha dùil ris an aithisg ann an cola-deug.

7 Cùmhnantan Seirbheis

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 7.2 Chaidh ceist a chuir mun chùmhnant airson seirbheisean HR agus chaidh innse gum biodh seo a' dol a-mach gu taigse a dh'aithghearr.
- 7.3 Chaidh innse gu robhas a' leasachadh comasan in-thaigh co-cheangailte ri lonnsachadh agus Trèanadh.
- 7.4 Thèid Slàinte & Sàbhailteachd agus Eadar-theangachadh a-mach gu tagradh, a' sireadh 3 taigsean.

- 7.5 Thèid an ath thionndadh den phàipear a chuir fa chomar bhall aig an ath choinneamh.
(Gníomh: NP)

8 Cairtean Creideis

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a bha a' moladh gum biodh cairtean creideas aig cuid de luchd obrach airson adhbharan agus cosgaisean cumhang a bhiodh soilleir agus aithnichte do gach neach. Mar eisimpleir, air sàillibh gu bheil siostam choitchinn ann airson cosgaisean siubhail agus bidh-beò nuair a tha neach-obrach a' siubhail airson an obair, cha bhiodh e ceadaichte leithid de chosgaisean a chur air a' chairt mura b' e sin an adhbhar airson a' chairt a bhith aca – mar eisimpleir, airson an fheadhainn a tha gu tric a' siubhail thall thairis airson an obair, no an fheadhainn a bhios a' toirt luchd-ùidh gu tachartasan no aoigheachd.
- 8.2 Chaidh aontachadh gun deigheadh coimhead ris an robh e iomchaidh, a thaobh cosgaisean corporra leithid bathar (consumables) agus sìnteis (subscriptions), gur ann aig an neach a bha a' cur feum air a' chosgais a bha a' chairt no am chòir an neach sin a bhith ag iarraidh a' chosgais bho roinn ionmhais a chuireadh an gnothach air dòigh le cairt no le *direct debit*.
(Gníomh: DMD)
- 8.3 Chaidh aontachadh dèanamh cinnteach gu robh sgaradh ga dhèanamh eadar siubhal taigheil agus siubhal thall thairis, agus gum biodh e ceart gu leòr nan deigheadh cairt a chleachdad airson cosgaisean a thuiteadh air an neach siubhail nuair a bha iad thall thairis le an obair, fhad 's a bha a chairt air a cheadachadh a-rèir a riaghailtean a dh' aona ghnothaich airson sin. (Gníomh: DMD)
- 8.4 Thèid dèanamh cinnteach gu bheil iadsan aig a bheil cairt creideis soilleir a thaobh na suidheachaidhean far a bheil e ceadaichte dhaibh a chleachdad. (Gníomh: NMG)
- 8.5 Bha dreach phoileasaidh cuideachd air beulaibh bhall. Thèid atharraichidhean beaga a dhèanamh ris agus thig e air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh. (Gníomh: NMG)

9 Plana Obrachaidh 2020/21 – a) Buidseatan agus b) Plana luchd-obrach

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mu dreachd phlana ionmhais agus plana luchd-obrach airson 2020/21 agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Mhol a' Chomataidh gum bu chòir coimhead a-rithist air am biodh e comasach lùghdachadh ann am buidseat phrògraman a sheachnad. (Gníomh: DMD)
- 9.3 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nam biodh am buidseat cuideachd a' sealltainn ionmhas treas phàrtaidh a bhathas gu bhith a' tàladh gu prògraman.

- 9.4 Chaidh aontachadh, ged nach eil mòran sùbailteachd ann, gun deidheadh fineachadh a dhèanamh air a' bhuidseat airson coinneamh bùird na Samhna, far am biodh dreach Plana Obrachaидh slàn cuideachd air am beulaibh. (Gníomh: DMD)
- 9.5 As dèidh deasbad, dh' aontaich a' Chomataidh le Plana Luchd-obrach agus le molaidhean pàighidh 2020/21, le tuigse (a) gu robh e iomchaidh gum biodh MG ALBA ag amas air a bhith a' leantainn poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba airson 2020-21 agus (b) ri linn nach robh am poileasaidh sin air fhoillseachadh fhathast, gum biodh e iomchaidh a bhith a' cleachdadhbh poileasaidh na bliadhna seo fhèin mar thuairmse air àrdachadh pàighidh na h-ath-bhliadhna.

10 HR

- 10.1 Bha paipear air beulaibh bhall le barrachd fios dhaonna mu dheidhinn cuid de atharrachaidhean a bhathas air fhaicinn gu h-ionmhasail fo phuing 9 agus le fios mu leasachaidhean dhaonna a bha a' tachairt tron bhliadhna, agus ghabh buill fainear.
- 10.2 Chaidh seisean prìobhaideach a chumail le buill agus an t-Àrd Oifigear a-mhàin. Chur buill fàilte air tilleadh an Stiùiriche Ionmhasail gu obair làn ùine.

11 Poileasaidhean

- 11.1 Bha pàipear agus poileasaidhean airson am moladh chun bhùird air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Chaidh Poileasaidh Anabarrachd a mholadh chun bhùird.
- 11.3 Chaidh Poileasaidh Goistidheachd a mholadh chun bhùird.
- 11.4 Chaidh Poileasaidh Gabhail Pàirt ann an Riochdachadh Phrògraman a mholadh chun bhùird. (Gníomh: MAMI)
- 11.5 Bha pàipear le na prìomh phuингean bho Phoileasaidh Cur à Dreuchd (*Severance Policy*) air beulaibh bhall, agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh mothachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh agus chaidh aontachadh nach robh feum aig MG ALBA air poileasaidh foirmeil aig an àm seo. Bho shealladh riaghachas, dèiligidh an Comataidh ri uidheachadh sam bith dha leithid mu dh'èireas e.

12 In-sgrùdad - Na Meadhanan Sòisealta & Èifeachdas a' Bhùird

- 12.1 A' leantainn sgrùdad in-thaigh na Comataidh, bha pàipear agus poileasaidhean co-cheangailte ri Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

- 12.2 Chaidh Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta agus Didseatach airson Cunntasan Oifigeil aontachadh.
- 12.3 Chaidh gabhail ris am measadh air coileantachd Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta airson Cunntasan Oifigeil agus ris a' Phlana Gníomh a bha na chois.
- 12.4 Chaidh Poileasaidh agus Stiùireadh nam Meadhanan Sòisealta airson buill agus luchd obrach aontachadh, ach le aon atharrachadh a-mhàin.

Mar a bha:

"MG ALBA reserves the right to visit the social media accounts of employees if a breach of Terms of Use has been reported."

Air atharrachadh gu:

"MG ALBA reserves the right to visit the social media accounts of employees if it is necessary to verify compliance with Terms of Use".

- 12.5 Thèid Leabhar-Làimhe na buidhne ùrachadh. (Gníomh: MAMI)

13 Slàinte & Sàbhailteachd – Aithisg Bhliadhnailean 2018/19

- 13.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnailean Slàinte is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gníomh.
- 13.2 Bha an aithisg bhliadhnailean air beulaibh bhall, a' dearbhadh gu bheil am buidheann a' coileanadh an dleastanas a thaobh riaghailtean Health and Safety at Work Act 1974, a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.
- 13.3 An dèidh moladh coimhead ri carson a tha Fire Risk Assessment Review fhathast aig ère "DREACH", thig tionndadh às ùr den aithisg an uair sin air beulaibh a' Bhùird. (Gníomh: NMG).
- 13.4 Chaidh taing a nochdad chun sgioba airson aithisg cho coileanta a chruthachadh.

14 Aithisgean Raitheil – Q2 2019/20

- 14.1 KPIs – faic puing 4.8
- 14.2 Pasgan Cunntasachd – chaidh aontachadh co-rioichdachaidhean an sealltainn an seo bho seo a-mach. (Gníomh: NMG)

15 GISBE

Cha robh gin.

16 Deit na h-ath choinneimh – tbc ach Gearran 2020.

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: